Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Air-loidhne tro Zoom
Dihaoine 11 Dùbhlachd 2020 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail air-loidhne, Dihaoine 11mh Dùbhlachd 2020 bho 2f.

Clàr Chùisean

4.2020.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

4.2020.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Pròram bhon Dàmhair agus planaichean na h-ama ri teachd — AirsonDeasbaid agus Aontachaidh
(c) Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Eòlas air obair na buidhne: Taisbeanadh bho Aonghas MacLeòid — Aithris airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e) Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig — Airson Fiosrachaidh

4.2020.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2020-21 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b) Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh às ùire — Aithris airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2020 — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d) Tabhartasan nam Fèis 2020-21 — Airson Fiosrachaidh
(e) Cùmhnantan Maoineachaidh — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

4.2020.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh sam bith as ùire — Aithris airson Fiosrachaidh

4.2020.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Plana Lùghdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail — Airson Fiosrachaidh

4.2020.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2021 — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail tro Zoom Dihaoine 26 Sultain 2020 bho 11.00m

3.2020.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna Mhoireach (Cathraiche), Ciorstaidh NicDhùghaill, Carola NicCaluim, Sarah-Jayne Shankland, Anna NicAmhlaigh Cailean Sandilands, Ceitidh NicAonghais, Alasdair Paul, Seòras Stoddart, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Màiri Bhochanan (InG), Donnchadh MacNìll (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Caroline Swanson (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Calum MacMhaoilein (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Abi Lightbody (a' frithealadh), Luke Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Angela Mack, Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil (Comhairle na Gàidhealtachd)

Chuir an cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh

- Chaidh meal a naidheachd a chur air Alasdair Paul an dèidh dha an duais fhaighinn o chionn ghoirid airson Ficsean as Fheàrr do dh'Inbhich aig Duaisean Litreachas na Gàidhlig airson 'Linne Dhomhainn'
- Chaidh meal a naidheachd a chur air nighean Anna, Eilidh, agus Dawid, is iad air pòsadh.
- Chaidh meal a naidheachd a chur air Laura NicNeacail is a cèile air breith na h-ighne aca, Mòrag.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 22 Cèitean 2020 a sgaoileadh.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Ceiteag NicAonghais is Anna NicAmhlaigh a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Thuirt Art MacCarmaig, ged nach deach na seiseanan a bharrachd a chaidh moladh ann an 2.2020.02(c) bhon gheàrr-chunntas mu dheireadh air adhart mar a bha an dùil, gum biodh taisbeanadh aig a' choinneimh seo bho Abi Lightbody.

3.2020.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg air a' chlàr-obrach, a chaidh ullachadh le Art MacCarmaig, airson na ciad ràithe de 2020-21, a chuairteachadh is chaidh gabhail rithe.

Mar a chaidh aithris aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd, rinn galar Cobhad-19 cron meadhanach mòr air mar a chaidh clàr-obrach Fèisean nan Gàidheal a chur an gnìomh am-bliadhna. Ged a bha barrachd rudan ann an dearg na bu mhath leinn, bha deagh adhartas ga dhèanamh fhathast.

(b) Clàr an t-samhraidh is na mìosan romhainn

Thug Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum MacMhaoilein cunntas air na prìomh-thachartasan a bha air gabhail àite feadh an t-samhraidh, nam measg na Fèisean, Fèis Alba agus an Sgoil Shamhraidh Dràma.

- Chaidh a' mhòr-mhuid den teagasg a dhèanamh beò seach air a chlàradh ro-làimh.
- Chaidh ar goireas ionnsachaidh air loidhne 'Oide' a thabhann an-asgaidh.
- Chuir sinn a-mach Ceòl nam Fèis mar leabhar digiteach.
- Thachair an dà chuid an Sgoil Shamhraidh Dràma agus Fèis Alba (oideachadh do luchd-compàirt Ceìlidh air Chuairt) air loidhne, is consairt is dealbh-chluich aig deireadh gach tè dhiubh.
- Tharraing clàr samhraidh na Fèise a bha an sgioba leasachaidh air cruthachadh an co-bhoinn ri Fèisean ionadail, 469 luchd compàirt is bha 29 oidean gan cosnadh aice.

- Bha an dàrna cuairt de chlàr #cleachdi air loidhne air tòiseachadh agus bha cuid de na Fèisean a' tabhann an leasanan fhèin cuideachd.
- Cha rachadh Fèis Latharna no Fèis a' Bhaile air adhart san Damhair ach bhiodh Fèis air loidhne aig Fèis Spè an uair sin.
- Tha Fèis Blas a' dol air adhart aig deireadh Samhain le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd.
- Tha òrain is bhidioan Bliadhna nan Oirthirean is nan Uisgeachan fhathast gan luchdachadh air làrach-lìn Fuaran a h-uile seachdain agus chaidh Raonaid NicanFhùcadair fhastadh airson òran ùr a dhèanamh airson a' phròiseict.
- Bha a' mhòr-chuid de na tachartasan feadh àm a' ghlasaidh an-asgaidh. Bidh cuid de na tachartasan fhathast gan tabhann an-asgaidh ach bha fios a fhuaras bho na pàrantan ag ràdh gum biodh iad toilichte gu leòr pàigheadh airson leasanan, mar sin tha sinn air tòiseachadh air prìs a chur air feadhainn aca.

Thuirt Anna NicAmhlaigh gun robh a' chlann aice fhèin air pàirt a ghabhail ann an clasaichean is gun robh iad air obrachadh gu math. B' e cothrom a bha ann coinneachadh ri clann bho chaochladh àiteachan agus math dh'fhaoidte gur e rudeigin a ghabhadh leantainn air aon uair 's gun robh an galar seachad.

Thug buill a' Bhùird fainear do bhuil clàr an t-samhraidh agus dh'aontaich iad an clàr ri tighinn a-rèir an fhiosrachaidh a chuala iad. Thug iad taing don sgioba airson an dìchill.

(c) Aithisgean adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais a sgaoileadh bhon luchd-obrach agus thug buill a' Bhùird fainear do na bha annta.

Thug an cathraiche taing as leth a' Bhùird do na h-uile airson an dìchill.

(d) A' cur eòlas air a' bhuidhinn:Taisbeanadh le Abi Lightbody

Thugadh taisbeanadh seachad le Abi Lightbody, Oifigear Leasachaidh, a thug cunntas air an raon fharsaing obrach a bha i air dèiligeadh ris sa chiad bhliadhna aice aig Fèisean nan Gàidheal.

Chòrd an taisbeanadh ri buill a' Bhùird agus thug iad taing do dh'Abi airson na h-obrach aice is i na ball meadhanach ùr den sgioba.

(e) Moainean Alba Chruthachail: Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig

Dhaingnich Art MacCarmaig gun lean sgeime Tasgadh air ann an 2020-21 le taic bho Alba Chruthachail. Bidh dà cheann-là ann airson iarrtasan. Chaidh an stiùradh a dheasachadh às ùr.

Cuideachd thug e iomradh air sgeime ùr Maoin nan Ealan Gàidhlig a thòisich ann an Sultain 2020 le taic bho Alba Chruthachail.

3.2020.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd A-steach agus Cosgaisean 2020-21

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Lùnastal 2020.

Thugadh fainear dha le buill a' Bhùird.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil – £4,273.49
- Cunntas Àrd-rèidh - £523,523.92
- Cunntas Blas - £3,751.78
- An t-Urras Leasachaidh - £8,525.07

Thugadh fainear do na suimeannan le buill a' Bhùird.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Òg-mhìos 2020

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Thugadh fainear dhaibh le buill a' Bhùird.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2020-21

Bhathar air liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2020-21 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 Lùnastal.

Thugadh fainear nach deach an taic-airgid a chaidh aontachadh a phàigheadh do chuid a dh'Fhèisean, a chionn 's nach deach gnothaichean air adhart mar a bhathar an dùil ach gun robhar a' pàigheadh nam Fèisean a-rèir am feuma.

(e) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2020

Bhathar air na cunntasan gu 31 Màrt, a bha air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh ron choinneimh.

Thugadh fainear gun deach ar cùl-stòr am meud rud beag ann an 2019-20.

Fhritheileadh Andaidh Cuimeanach bho Mann Judd Gordon a' choinneamh bhliadhnail.

Chaidh gabhail ris na cunntasan, air a mholadh le Anna NicAmhlaigh le taic bho Anna Mhoireach.

(f) Luchd-sgrùdaidh:Daingneachadh Mann Judd Gordon

Bhon a dh'aontaich sinn cùmhnant trì bliadhna le Mann Judd Gordon an-uiridh, bha am Bòrd toilichte an daingneachadh don choinneimh bhliadhnail mar luchd-sgrùdaidh airson 2020-21.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Bhathar air aithisg leis a' Cheannard a sgaoileadh le fios as ùr do na Buill air an t-suidheachadh a bha ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn is tghugadh fainear dhi.

Thuirt Art gun robh Caroline Swanson is Donnchadh MacNìll bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid an làthair aig a' choinneimh agus gun deach maoineachadh an ùghdarrais a phàigheadh dhuinn mar-thà.

Bha grunn choinneamhan air an cumail le Comhairle na Gàidhealtachd, Highlife Highland, Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig. Bha a h-uile buidheann air a bhith taiceil ach bidh Highlife Highland a' lùghdachadh ar buidseit YMI le £12 mìle air sàilleabh lùghdachadh nàiseanta ann am maoineachadh YMI.

Thug Anna Mhoireach taing don luchd-maoineachaidh air fad airson cumail orra nan taic-airgid.

Thuirt Anna NicAmhlaigh nach robh Comhairle nan Eilean Siar air maoineachadh a phàigheadh do dh'Fhèisean ionadail am-bliadhna, ged a bha òigridh sna h-Eileanan an Iar air buannachd fhaighinn bho thachartasan a chaidh cur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal.

Gheall Art MacCarmaig gun sgrìobhadh e gu Comhairle nan Eilean Siar a' sireadh soilleireachaidh air na bha iad an dùil a dhèanamh a thaobh seo.

3.2020.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh mu dheireadh

Thugadh fainear gun robh Laura NicNeacail air fòrladh màthaireil a-nis.

Bha dùil aig Art MacCarmaig tòiseachadh air obair fastadh Oifigear Leasachaidh do na h-Eileanan an Iar. Bha feum aig na Fèisean air barrachd taic na b' urrainn do Chalum Ailig toirt dhaibh le uallach na h-obrach eile a bha aige. Dh'iarradh e còmhradh ri Comhairle nan Eilean Siar sa chiad dol-a-mach. 'S ann fad bliadhna a mhaireadh an dreuchd an toiseach.

Dh'aontaich am Bòrd ris an dòigh seo air adhart.

3.2020.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Plana airson Co-ionannachd, Iomadachd is Inghabhail 2018-21: Aithisg Bhliadhnail

Thèid am plana CII a tha ann an-dràsta a leudachadh airson bliadhna eile mar thoradh air a' bhliadhna a bharrachd de mhaoineachadh bho Alba Chruthachail.

Chaidh no rachadh a' chuid as motha de na targaidean a ruighinn.

Thug buill a' Bhùird fainear don adhartas le taing don sgioba.

(b) **Clàr-gnothaich Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2020**
Bhathar air am clàr a sgaoileadh ro làimh.

Thug am Bòrd fainear don chlàr agus bha fiughair aig na buill ri co-labhairt shoirbheachail air loidhne.

As leth Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, thug Donnchadh MacNìll taing do sgioba Fèisean nan Gàidheal airson an dìchill agus cho math 's a bha iad air atharrachadh is iad ag obair air-loidhne.

(c) **Aithisg Bhliadhnail 2020**
Bhathar air an Aithisg Bhliadhnail a sgaoileadh ro làimh agus thugadh fainear dhan t-susbaint aice le buill a' Bhùird.

Bha am Bòrd toilichte Aithisg Bhliadhnail 2020 aontachadh agus thug iad taing do Luke Slater airson a chuid obair dhealbhachaidh.

3.2020.06 **Daingneachadh Ceann-latha na h-ath choinneimh: 11 Dùbhlachd 2020**
(a) Thugadh fainear gur e latha na h-ath-choinneimh 11 Dùbhlachd 2020.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2020.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne san dàrna ràith de 2020-21 suas gu 30 Sultain 2020.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Prògraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2018-21:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.		Cha deach suim sam bith a phàigheadh gu deireadh R2. Tha sinn an dùil £5,000 a thoirt do dh'Fhèis Bharraigh a leigeadh leotha dà fhichead bliadhna a chomharrachadh, ged nach deach a phàigheadh fhathast.	
AC2	Ma bhios maoin gu leòr ann, taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson prògram obrach fad na bliadhna a chur air chois.		Le maoin shònraichte bho Riaghaltas na h-Alba, tha sinn a' cumail taic ri prògram a bhios ga chur air adhart a' comharrachadh 40 bliadhna de dh'Fhèis Bharraigh. Bidh a' mhòr-chuid den phrògram a-nise a' dol air adhart ann an 2021.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Chaidh taghadh farsaing de chur-seachadan ealain Ghàidhlig a chruthachadh agus a lìbhrigeadh air-loidhne eadar a' Chàisg agus deireadh bliadhna na sgoile mar phàirt den iomairt #cleachiaigantaigh.	

			Chum seo a' dol an dèidh saor-làithean an t-samhraidh aig amannan freagarrach do sgoilearan cur-seachadan a ghabhail os làimh taobh a-muigh uairean na sgoile.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Tha Bothan nan Òran gu bhith a' tòiseachadh san Dàmhair le Màiri Anna NicUalraig, James Hind, Robbie MacLeòid agus Nick Turner a' lìbhrigeadh a' chùrsa.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.		Rinn sinn sanasachd le cuireadh do sgrìobhadairean òran ùr a chruthachadh a bhios ga chur ris an fheadhainn a tha sinn a' foillseachadh gach seachdain airson Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba 2020 a chomharrachadh. Shoirbhich le Raonaid Walker. Thug sinn taic do thriùir eile òrain ùra a chur ri chèile agus thèid an taisbeanadh aig Blas.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Coltach ris a' mhòr-chuid de thachartasan eile, chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma a lìbhrigeadh ann an cruth air-loidhne fo stiùir Aonghais MhicLeòid agus Lana Pheutan le sianar a' gabhail pàirt.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aig na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh tabhartasan aontachadh sa Ghearran le Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal. Ge-tà, cha deach a' mhòr-chuid a phàigheadh leis gun robh tòrr thachartasan air an cur dheth ri linn buaidh Covid-19. Chaidh tabhartasan luach £95,980 a phàigheadh airson a leigeil le Fèisean clasaichean a chumail air-loidhne agus bha sinn a' co-obrachadh leis na Fèisean ionadail airson a dhèanamh cinnteach gun deach tachartasan Fèise air adhart gach seachdain rè saor-làithean an t-samhraidh. Bidh a' mhòr-chuid de dh'airgead mu choinneamh tabhartasan air a ghlèidheadh gus taic a chumail ri obair nam Fèis aon uair 's gu bheil e ceadaichte dhaibh tòiseachadh às ùr.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnsramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Bha iarrtas nas motha ann airson ionnsramaidean san ràith seo le comas aig daoine gluasad beagan.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 25 iarrtas ann airson deuchainnean gu deireadh R2.	
AC10	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.		Tha maoin a bharrachd ri fhaighinn, a rèir feum, ach cha d' fhuair sinn iarrtas sam bith son taic gu deireadh R2.	
AC11	Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh air sàr obair a dhèanamh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca airson a dhèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh air a bhith aca fhad 's a tha buaidh ann bho Covid-19. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt a chumail air-loidhne air 25 Sultain.	
AC12	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig).		Chaidh film ùr, *Eliza*, a chruthachadh airson taic a chumail ri obair Mheanbh-Chuileag a thèid air adhart an dèidh saor-làithean na Dàmhair. Thèid am film a	

			shealltainn anns na sgoiltean le bùth-obrach beò ga leantainn airson còmhradh a thogail mu chuspair an fhilm.	
AC13	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G.		Cha deach taic sam bith iarraidh gu deireadh R2. Ge-tà, bha am pròg ram #cleachiaigantaigh air a lìbhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig agus, far an robh a leithid a dhìth, bha briathrachas air a mhìneachadh.	
AC14	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.		Bha tachartasan Hùb Hàb air an lìbhrigeadh beò tron phròg ram #cleachiaigantaigh. Chaidh cruinneachadh de dh'òrain Hùb Hàb a chlàradh agus an cur air-loidhne air FèisTV. Tha sinn an dùil tachartasan Hùb Hàb a chur air adhart ann an R4 an dèidh saor-làithean na Nollaige.	
AC15	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Ri linn buaidh Covid-19, cha deach Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart ann an R1 mar is àbhaist.	
AC16	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Bha cèilidhean gan sruthadh bho Fhèisean an t-samhraidh ann an R2 agus sgaoil Fèis Bharraigh cèilidh shònraichte mar chomharra air 40 bliadhna den tachartas.	
AC17	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta às leth Alba Chruthachail.		Fhuair sinn dearbhadh bho Alba Chruthachail gum bi maoin de £35k ann airson Tasgadh a-rithist am-bliadhna. Bha dà cheann-latha a stèidheachadh airson iarrtasan - 23.10.2020 agus 29.01.2021.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC18	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Mar a thachair le tabhartasan, ga mhìneachadh ann an AC7, cha deach an t-airgead seo a sgaoileadh fhathast.	
AC19	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		Cha robh iarrtas sam bith ann gu deireadh R2.	
AC20	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Cha deach ar Cèilidhean air Chuairt air adhart ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, chum sinn Fèis Alba air-loidhne san luchar, le seiseanan do 30 òganach a' mìneachadh nan riaghailtean eadar a bhith air fhastadh 's ag obair mar chunnradair, cho math ri fiosrachadh a thoirt seachad mu chòraichean co-cheangailte ri ceòl is òrain agus sgilean taisbeanaidh. Bha cèilidh fior mhath ann aig deireadh na seachdain le taisbeanadh còmhla a chaidh a chlàradh aig astar. Bha na seinneadairean a ghabh pàirt ann am Fuaran air am pàigheadh airson feum a dhèanamh de na h-òrain a chaidh a chruinneachadh agus a chlàradh. Tha mòran de dh'oidean, no leas-oidean, ag obair air an ceann fhèin agus an eisimeil teachd a-steach bho na Fèisean. Chaidh mu £120k a phàigheadh do luchd-ealain a chaill obair ri linn buaidh Covid-19, mòran dhiubh nan daoine òga, agus lean obair fharsaing ann an R2.	
AC21	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Thèid Blas air adhart san t-Samhain am-bliadhna, a' crìochnachadh air Oidhche Naomh Anndrais. Chaidh coimisean a thoirt do Mike Vass obair a dhèanamh le òigridh bho na Fèisean airson taisbeanadh fon ainm *A' falbh ann am bàta/Leaving in a Boat* a bhios a' dol air adhart air a' chiad oidhche den fhèis.	

AC22	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.		Chaidh tachartasan còmhnaidheach a tharraing am-bliadhna ri linn buaidh Covid-19.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC23	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh againn a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Tha an sgioba sùbailte nan obair agus bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang agus bidh iad a' gabhail stiùir air pròiseactan sònraichte. Leis mar a chaidh cuid de thachartasan Fèise a chur dheth, bha an sgioba gu h-àraid trang a' dèanamh cinnteach gun d' fhuair cunnradairean a chaill obair ri linn Covid-19 am pàigheadh. Chaidh an sgioba an sàs ann an raon farsaing de thachartasan, a' gabhail a-steach seinn Gàidhlig do gach aois, gnàthasan-cainnt airson cànan a bheairteachadh, pròram de leasanan-ciùil air-loidhne agus òraidean co-cheangailte ri dualchas nan Gàidheal mar phàirt de phròram #cleachiaigantaigh. Bha an sgioba a' co-obrachadh leis na Fèisean airson a dhèanamh cinnteach gun deach tachartasan samhraidh air adhart air-loidhne agus tha #cleachiaigantaigh air leantainn ann an R2.	
AC24	A' cruthachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Tha sinn a' cumail romhainn a' cruthachadh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth an gabhail òs làimh. Chaidh ùrachaidhean a dhèanamh air feadhainn aca agus 's i obair leantainneach a tha seo. Chaidh modhan-obrach a chur an sàs airson a dhèanamh cinnteach nach biodh Covid-19 air sgapadh tro thachartasan a bhios Fèisean nan Gàidheal a chur air dòigh.	
AC25	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain.		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca a tha a' gabhail a-steach gach cunnart co-cheangailte ris na gnìomhan aca.	
AC26	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Chaidh 13 seiseanan trèanaidh do luchd-eagrachaidh a chumail gu deireadh R2.	
AC27	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Bha 11 seiseanan trèanaidh ann do luchd-obrach gu deireadh R2.	
AC28	Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.		Bha sgrìobhadh chruthachail na phàirt de dh'obair na Sgoile Samhraidh Dràma a chaidh air adhart air-loidhne san luchar. Tha ar n-Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid, air na sgilean sgrìobhaidh chruthachail aige fhèin a chur gu feum tro shreath bhideothan de chur-seachadan dràma a tha ri fhaighinn an-asgaidh air-loidhne tro FèisTV. Tha Aonghas MacLeòid cuideachd air sgribt a sgrìobhadh airson *Eliza*, film ùr a thèid a chleachdadh ann an sgoiltean le Meanbh-Chuileag. Bidh sgrìobhadairean òga òrain an sàs ann an obair chruthachail tro Bhothan nan Òran.	

			Chaidh òrain ùra Ghàidhlig a choimiseanadh airson Blas agus tha sin a' toirt cothrom do cheathrar a dhol an sàs ann an sgrìobhadh chruthachail.	
AC29	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.		Bha Fèisean nan Gàidheal a' co-obrachadh le Fèisean ionadail as t-samhradh, nuair is àbhaist dhaibh a bhith a' dol air adhart co-dhiù, gus dèanamh cinnteach gun robh Fèis ann air-loidhne gach seachdain rè saor-làithean nan sgoiltean. A bharrachd air sin, chuir Fèis Phàislig agus Fèis Arainn tachartasan air dòigh le taic-airgid Fèisean nan Gàidheal. Dh'obraich Fèisean nan Gàidheal gu dlùth ri Bòrd na Gàidhlig agus Comunn na Gàidhlig air an iomairt #cleachiaigantaigh rè R1 agus tha seo air leantainn ann an R2. Tha Fionnlagh MacIlllnnein a' cumail roimhe le greis-obrach tro YoungScot, airson eòlas fhaighinn air cò ris a tha e coltach a bhith ag obair ann am buidheann leithid Fèisean nan Gàidheal. Fhuair Luke MacLeod à Leòdhas cothrom ùine a chur seachad còmhla rinn as t-samhradh, agus bha e an sàs ann an tachartasan eadar-dhealaichte.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC30	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.		Feumaidh Fèis sam bith a tha a' faotainn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh. Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth.	
AC31	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.		Cha robh Cèilidhean air Chuairt ann ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, fhuair na daoine òga a bha gu bhith a' gabhail pàirt annta cothroman trèanaidh tro Fhèis Alba air-loidhne a bhios na chuideachadh dhaibh an ath bhliadhna. Faicibh AC20 gu h-àrd.	
AC32	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Faicibh AC21 gu h-àrd. Cha ghabh an Fhèis a leudachadh gu sgìrean eile am-bliadhna.	
AC33	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Tha sinn air cumail romhainn leis a' phròiseact fad bhliadhna, stèidhichte air òrain Ghàidhlig, a' comharrachadh Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba. Bidh seinneadairean bho na Fèisean an sàs cuide ri feadhainn eile a tha nas aithnichte. Tha am pròiseact air maoin fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba. Tha Jo NicDhòmhnaill a' cumail roimhpe teacs de na h-òrain agus fiosrachadh iomchaidh mun deidhinn a chur ri chèile. Tha clàraidhean ùra ann de gach òran agus chaidh 35 a chur air an làrach-lìn gu ruige deireadh R2.	
AC34	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.		Cha robh cothroman taisbeanaidh ann idir gu deireadh R2 ri linn buaidh Covid-19 ach bidh an coimisean a thug sinn do Mike Vass a' taisbeanadh òigridh bho na Fèisean aig Blas.	
AC35	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.		Ri linn riaghailtean glasaidh Covid-19, b' fheudar dhuinn beachdachadh air na h-earrannan de ar pròram a ghabhadh a lìghrigeadh air-loidhne. Leis gu bheil sinn air a bhith ag obair fad greiseag a dh'ionnsaigh obair a bharrachd a dhèanamh air-loidhne cha robh seo na dhùbhlan ro mhòr agus tha a' mhòr-chuid de thachartasan air soirbheachadh.	

			Dh'fhosgail sinn ar goireas ùr air-loidhne 'Oide' dhan mhòr-shluagh an-asgaidh fhad 's a bha daoine fo ghlas. Thug am pròg ram #cleachiaigantaigh cothrom dhuinn barrachd obrach tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann agus, leis gun robh a h-uile nì air-loidhne, ràinig sinn sluagh nas fharsainge, le daoine bho thall thairis nam measg. Bidh Blas 2020 air a lìbhrigeadh gu didseatach le sreath thachartasan air an sruthadh beò air-loidhne.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC36	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Chaidh 12 seisean leasachadh pearsanta a chur air dòigh air-loidhne gus tidsearan a chuideachadh le Gàidhlig a theagasg.	
AC37	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Bha seiseanan trèanaidh ann do dh'oidean ann an R2 agus tha sinn air a bhith a' còmhradh mu dheidhinn cùrsa nas stèidhichte le Joy Dunlop ga leasachadh agus ga lìbhrigeadh.	
AC38	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Tha dithis òga suidhichte air a' Bhòrd-stiùiridh mar riochdairean òigridh agus tha iad air a bhith aig trì coinneamhan. Mar a tha ga mhìneachadh ann AC29 gu h-àrd tha dithis òganach an sàs ann an obair na buidhne.	
AC39	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
AC40	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Sheall 18 - an àireamh as motha gu ruige seo – ùidh pàirt a ghabhail ann am Fuaran 2020 agus chaidh bùiththean-obrach trèanaidh a chumail dhaibh air-loidhne. Ghabhadh gu leòr den rannsachadh a dhèanamh air-loidhne, no aig astar. Mar sin, cha do dh'fhuiling am pròiseact seo ro mhòr. Bidh seinneadairean Fuaran a' gabhail pàirt ann an cèilidh/seisean seinn aig Blas.	
AC41	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Bidh gach com-pàirtiche ann am Fèisean agus nar n-obair dràma a' togail sgilean taisbeanaidh. Bha na sgilean seo air an ionnsachadh cuideachd aig Fèis Alba san luchar.	
AC42	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bha trèanadh den t-seòrsa seo na phàirt de dh'Fhèis Alba san luchar nuair a bha seiseanan ann gu sònraichte a' dèiligeadh ri gnìomhachas a' chiùil agus na bhios aig daoine ri dhèanamh airson an stèidheachadh mar chunnradair ag obair air an ceann fhèin.	
AC43	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Gu deireadh R1, lìbhrig Fèisgoil sreath farsaing de thachartasan sa phròg ram #cleachiaigantaigh a' gabhail a-steach obair tro mheadhan na Gàidhlig airson nan tràth-bhliadhnaichean, bùiththean-obrach dràma, *Blasad Gàidhlig* do luchd-ionnsachaidh agus chlann ann am FtG, seiseanan *Beairteas* airson sgilean cainnt a leasachadh, café air-loidhne gach seachdain le aoighean gus deugairean a bhrosnachadh agus buidhnean beaga *Caraidean Còmhraidh* gus sgilean cainnt a neartachadh.	

			Lean #cleachiaigantaigh ann an R2 ach air stèidh rud beag eadar-dhealaichte leis gun robh an òigridh san sgoil tron latha gun an aon shaorsa aca pàirt a ghabhail ann an tachartasan.	
AC44	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Bidh clasaichean a leantainn ann an ceòl traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd bhon Lùnastal 2020 tro chùmhnant le High Life na Gàidhealtachd. Bidh iad air an lìbhrigeadh air-loidhne. Bha tòrr ullachaidh aig ar Manaidsear Fèisgoil ri dhèanamh eadar trèanadh a thoirt do dh'oidean agus luchd-eagrachaidh, a' dèanamh cinnteach gum biodh iad cofhurtail leis an t-siostam Google Classroom a bhios sgoiltean na Gàidhealtachd a' cur gu feum. Bha obair air tòiseachadh air Acadamaidh a' Mhòid 2020 dìreach mus do dhùin sgoiltean ri linn Covid-19. Tha sinn an dòchas gun tèid seo air adhart a-rithist leis gum bi Mòd 2021 ann an Inbhir Nis.	
AC45	Prògraman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC43 gu h-àrd airson Blasad Gàidhlig. Tha an obair seo mi-chinnteach le dùil ri suidheachadh far a bheil gainnead-airgid air na h-ùghdarrasan ionadail fhad 's a bhios aca ri dèiligeadh ri cosgaiean Covid-19. Ge-tà tha sinn air ar dòigh gu bheil Comhairle na h-Eaglaise Brice air co-dhùnadh a dhol air adhart le seiseanan Blasad Gàidhlig air-loidhne.	
AC46	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC43 gu h-àrd.	
AC47	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
AC48	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Faicibh AC36 agus AC37 gu h-àrd.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC49	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Tha a' mhòr-chuid de na Fèisean a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus iad a' tabhann chlasaichean ann an Gàidhlig, far an gabhadh sin a dhèanamh. Tha sinn an dòchas gun gabh Fèis na Linne a leasachadh barrachd, le leasanan gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, aon uair 's gu bheil tachartasan aghaidh ri aghaidh ceadaichte a-rithist. Tha glasadh Covid-19 air leigeil leinn tuilleadh chlasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig na tha àbhaisteach a chur air dòigh air-loidhne.	
AC50	Plana ùr Co-ionannachd, Iomadachd agus In-Ghabhail a chruthachadh airson 2018-21 a' togail air eòlas bho phlana 2015-18 a chur an gnìomh.		Tha sinn a' lìbhrigeadh ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail 2018-21. Fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san t-Sultain agus bha na buill riaraichte leis an adhartas gu ruige sin. Tha obair air-loidhne ri linn Covid-19 air leigeil leinn daoine ùra a ruighinn agus tha seo air a bhith feumail a thaobh in-ghabhaltas agus co-ionnanachd.	

Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.			
AC51	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach. Tha dùil gum bi na sgaoilidhean seo gan lùghdachadh gu mòr leis nach eil daoine air a bhith sna h-oifisean againn, no a' siubhail idir, ri linn Covid-19.
AC52	A' cruthachadh Plana Làimhseachadh Gualain airson 2018-21.		Chaidh na h-amasan airson 2019-20 nar Plana Làimhseachaidh Gualain a thoirt gu buil agus tha dùil gum bi an aon rud fìor mu 2020-21. Bidh am Bòrd-stiùiridh a' faighinn aithisg bhliadhnail san Dùbhlachd mar is àbhaist.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC53	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh a-nise agus bha sin gu sònraichte follaiseach ann an R1 agus R2. Tha cuairt-litrichean gan sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach agus bidh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gan cleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC54	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra.		Faicibh AC35 gu h-àrd airson 'Oide'. B' fheudar dhuinn sreath ghoireasan ùra a chruthachadh ann an cabhaig rè R1 agus tha goireasan ciùil, dràma agus thràth-bhliadhnaichean ti fhaighinn air seanal YouTube FèisTV. Faicibh AC12 gu h-àrd co-cheagailte ri film ùr a thèid a chleachdadh ann an sgoiltean.
AC55	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Tha *Ceòl nam Fèis* 1 agus 2 air am foillseachadh agus that iad rin reic mar leabhraichean didseatach air Bùth Apple.
AC56	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		Faicibh AC40 gu h-àrd airson Fuaran. Bha seiseanean aig com-pàirtichean Fèis Alba mu rannsachadh a dhèanamh air òrain is fuinn bhon sgìre dham buin iad. Cuiridh ar pròiseact airson Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba 2020 gu mòr ris a' chruinneachadh againn air-loidhne agus 's e goireas Gàidhlig air leth a th' ann.
AC57	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Tha seo a-nise deiseil agus ri fhaotainn tron cheangal seo (Apple App Store) agus seo (Android).
A858	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.		Faicibh AC35 gu h-àrd. Bidh goireasan FèisTV gan cur gu feum gu mòr aig Blas 2020 san t-Samhain.

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/gleidheadh ILT (84.5/21)	32.0	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach gu sgìre HIE (£4.4m)	£514,706	Meudachadh san toradh ionmhasail (£360k)	£66,888	Luchd Saor-thoileach (640)	81

Tabhartasan do dh'Fèisean	£95,980	Tabhartasan Eile	£0	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	4,775	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	50,639
Tachartasan Cultarach (1,441)	342	Pròraman trèanaidh le teisteanasan air an lìbhrigeadh (264)	16	Piseach air suidheachaidhean airson fàs ann an raointean obrach (1)	0	Bathar/slighean air an leasachadh	1
Seirbheisean stèidhichte no ùra a chaidh an leasachadh (3)	1	Pròiseactan com-pàirteachaidh le gniomhachasan cruthachail crìochnaichte (1)	0	Pròiseactan bun-structarail coimhearsnachdan crìochnaichte (2)	0	Buidhnean coimhearsnachd no daoine fa leth ann an sgìre HIE le comasan air an leasachadh (40)	0
Pròiseactan a tha a' cur ri eaconamaidh na Gàidhlig (1)	1	Toraidhean phoileasaidhean roinneil air an lìbhrigeadh (5)	0	Pròiseactan a' toirt taic don bhun-structar acadaimigeach (1)	0	Obair Eadar-nàiseanta	3

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean			
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil			
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Faicibh AC43 agus AC44 gu h-àrd.
InG2	Cuairtean timcheall làraich eachdraidheil agus dùthchasail air feadh Alba.		Cha do thachair càil gu deireadh R2.
InG3	A' leudachadh phrògraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.		Faicibh AC14 gu h-àrd.
InG4	Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.		Faicibh AC12, AC15 agus AC44 gu h-àrd.
InG5	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC22 gu h-àrd.
InG6	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig ann am foghlam foirmeil.		Faicibh AC42 gu h-àrd.
InG7	Eadar-theangachaidhean agus dearbhadh Gàidhlig do dh' Fhèisean.		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus dearbhadh gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.
InG8	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Faicibh AC44 gu h-àrd.
InG9	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC46 gu h-àrd.
InG10	Pròraman Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean agus a-measg bhuidhnean poblach air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC43 gu h-àrd.
InG11	Iomairt ùr a' cumail taic ri bùithtean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.		Chaidh an iomairt 'Sporan' a stèidheachadh ann an 2019-20 agus tha sinn an dùil a' togail oirre tro lìbhrigeadh air-loidhne. Faicibh AC12 gu h-ard.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG12	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Faicibh AC7 gu h-àrd.	
InG13	Taic leantainneach ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
InG14	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh.		Faicibh AC2 agus AC19 gu h-àrd.	
InG15	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Faicibh AC49 gu h-àrd.	
InG16	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Faicibh AC8 gu h-àrd.	
InG17	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
InG18	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Faicibh AC54 gu h-àrd.	
InG19	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig, gu h-àraid mur a h-eil sin a' tachairt anns na Fèisean, agus a' cruinneachadh agus a' glèidheadh obair ealain ann an cruth didseatach.		Faicibh AC3 agus AC56 gu h-àrd.	
InG20	Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.		Faicibh AC10 gu h-àrd.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh				
InG21	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Faicibh AC29 gu h-àrd.	
InG22	Prògraman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stiùireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	
InG23	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG24	A' cur taic ri sgeamaichean ùghdarraichte do dhaoine òga, leithid Duaisean Dhiùc Dhùn Èideann, Duaisean Ealain agus Duaisean Chrann na h-Alba.		Faicibh AC29 gu h-àrd.	
InG25	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
InG26	Cothroman coimeirsealta airson a leigeil le luchd-ealain cosnadh a dhèanamh à coimiseanan ùra.		Faicibh AC5 gu h-àrd.	
InG27	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG28	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Faicibh AC40 gu h-àrd.	

InG29	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC39 gu h-àrd.	
InG30	Ealla a ghabhail air sgilean agus cuspairean nach eil cho follaiseach anns na Fèisean, an leasachadh tro thachartasan sònraichte le èolaichean bhon roinn chruthachail, agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a sgaoileadh.		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG31	Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.		Faicibh AC31 gu h-àrd.	
InG32	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas.		Faicibh AC21 gu h-àrd.	
InG33	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Faicibh AC57 gu h-àrd.	
InG34	Feum a dhèanamh de ghoireasan didseatach airson àireamhan luchd-frithealaidh fhàs, ma dh'fhaodte tro sheirbheis ùr airson tiogaidean a cheannach.		Bidh sinn a' cleachdadh siostam air-loidhne airson tiogaidean Blas a reic a tha a' toirt dhuinn cothrom conaltradh ri luchd-cleachdaidh an dèidh làimhe gus beachdan mu thachartasan a shireadh. Tha ar Sgeama Tabhartasan a' cur goireasan air-loidhne gu feum, mar a tha Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig. Bhon Ghiblean 2020, bha sinn gu bhith ag obair còmhla ri AudienceFinder ach ri linn Covid-19, chaidh dàil a chur air sin. Tha sinn air a bhith a' cleachdadh Eventbrite son clàraidhean a dhèanamh de thachartasan air-loidhne fhad 's a bha daoine fo ghlas.	
InG35	Taic a chumail ri cothroman còmhnaidheach ionnsachaidh cruthachail airson òigridh aig ìre sgìreil agus eadar-nàiseanta.		Faicibh AC22 gu h-àrd. Ghabh Ceannard Fèisean nan Gàidheal pàirt ann an co-labhairt eadar-nàiseanta aig Amateo san Ògmhios le riochdairean bho air feadh na Roinn Eòrpa. Thathar an dòchas gun toir an lìonradh seo cothrom do dh'òigridh san àm ri teachd.	
InG36	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
InG37	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
InG38	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Faicibh AC33 gu h-àrd.	
InG39	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.		Faicibh AC34 gu h-àrd.	
InG40	FèisTV a leasachadh agus com-pàirteachas a thogail leis a' BhBC agus BBC Alba airson stuth a chruthachadh do sgrìn agus craobh-sgaoileadh.		Faicibh AC35 agus AC58 mu FèisTV. Tha tuilleadh chòmhraidhean air a bhith ann le MG ALBA mu dheidhinn co-obrachadh le, agus taic do, FèisTV. Tha dùil ri pròiseact a chur air dòigh timcheall air Blas 2020.	
InG41	Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith às leth Alba Chruthachail.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	

			Tha Alba Chruthachail air iarraidh oirnn sgeama eile a lìbhrigeadh dhaibh – Maoin nan Ealan Gàidhlig – agus chaidh stiùireadh fhoillseachadh mun stòras seo agus cinn-latha airson iarrtasan.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 44 Fèis air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Faicibh AC1, AC2, AC7, AC8, AC9, AC10, AC11, AC18 agus AC19 gu h-àrd. Thairis air mìosan an t-samhradh thug sinn taic do 14 Fèisean tachartas air-loidhne a lìbhrigeadh. Uile gu lèir ghabh 439 pàirt as na clasaichean 's fhuair 29 neach-teagaisg cothroman-obrach.	
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 500 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Faicibh AC45 gu h-àrd. A dh'aindheoin nan duilgheadasan le Covid-19, chaidh 116 seiseanean a lìbhrigeadh air-loidhne gu deireadh R2.	
BnG1.3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gaidhlig do dh'oidean 's luchd-obrach.		Mar phàirt de co-labhairt na buidhne chaidh dà sheisean Gàidhlig a lìbhrigeadh le Ailig Dòmhnallach a bha fosgailte do dh'oidean. Tha sinn gu bhith a' cur sheiseanan trèanaidh air dòigh do luchd-teagaisg nam Fèisean sa gheamhradh. Faicibh AC37 gu h-àrd. Tha an sgioba-obrach ag obair tro chùrsa air-loidhne le Colaiste a' Chaisteil airson sgilean sgrìobhaidh is gràmair a leasachadh.	
BnG1.4	Co-dhiù 15 com-pàirtichean ann an 5 Latha.		Faicibh AC47 gu h-àrd. Chaidh maoin air a chomharrachadh airson 5 Latha agus an Sgoil Shamhraidh Dràma a chleachdadh mu choinneamh cosgaisean #cleachiaigantaigh a lìbhrig raon farsaing de chur-seachadan is leasanan (faicibh AC43 gu h-àrd airson tuilleadh fiosrachaidh) gu 2,148 sgoilearan ann an R1.	
BnG1.5	50 seisean ullachaidh do sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dh'ionnsaigh Mòdan ionadail neo am Mòd Nàiseanta Rìoghail.		Faicibh AC44 gu h-àrd.	
BnG1.6	20 seisean a chumail le buidhnean tràth-bliadhnaichean.		Faicibh AC14 gu h-àrd. Bidh obair a bharrachd le Hùb Hàb a' dol air adhart sa bhliadhn' ùr.	
BnG1.7	Cuairt taisbeanadh dràma 6 seachdainean timcheall sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig 's cuairt taisbeanadh 2 sheachdain timcheall sgoiltean le foghlam Gàidhlig do luchd ionnsachaidh.		Faicibh AC12 agus InG11 gu h-àrd. Tha dà thionndadh ann den fhilm 'Eliza'. Tha aonan gu tur sa Ghàidhlig a thèid a shealltainn ann an sgoiltean is ionadan Gàidhlig. Tha an tionndadh eile sa Bheurla ach le faclan agus abairtean sa Ghàidhlig a ghabhadh ionnsachadh leis a' chloinn ann an sgoiltean far a bheil iad a' togail na Gàidhlig mar dara cànan.	
BnG2.1	30 seisean ann an sgoiltean fo bhratach Fèis Bhlas.		Faicibh AC21 gu h-àrd. Ged nach eil e comasach dhuinn pròg ram àbhaisteach foghlaim a chur air dòigh bidh pròg ram de chlasaichean is bùithtean-obrach ciùil ann fosgailte do sgoilearan.	
BnG2.2	30 cuirm fo bhratach Fèis Bhlas.		Faicibh AC21 gu h-àrd. Bidh an fhèis ga cumail air-loidhne ach cha bhitheamaid a' sùileachadh ar targaid de 30 cuirm a ruighinn.	
BnG2.3	Coimisean ùr a stèidheachadh airson neach-ciùil le taisbeanadh aig 4 cuirmean.		Tha sinn air grunn choimisean a thabhann son Blas san t-Samhain. Faicibh AC5 agus AC21 gu h-ard.	

BnG3.1	Co-dhiù 90 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Cha deach seiseanan a lìbhrigeadh ann an sgoiltean ach bha seiseanan dràma air bhideo ri fhaighinn air-loidhne. Bidh bùithtean-obrach dràma co-cheangailte ris an fhilm 'Eliza' gan cur air adhart sna mìosan a tha ri teachd.	
BnG3.2	Sgoil Samhraidh Dràma le co-dhiù 16 com-pàirtichean.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG3.3	Dealbh-chluich na Nollaige le cuairt timcheall air 5 sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.		Bidh sinn a' cur dealbh-chluich Nollaige air dòigh am-bliadhna ann an cruth diseatach agus ga tabhann do sgoiltean air feadh na dùthcha san Dùbhlachd.	
BnG4.1	6 cuirmean gan sruthadh air-loidhne tro Fèis TV.		Faicibh AC35 gu h-àrd. Thairis air mìosan an t-samhraidh chaidh 6 cèilidhean luchd-teagaisg bho na Fèisean a shruthadh tro FèisTV air Facebook LIVE. Chaidh consart le cuid de na com-pàirtichean a ghabh pàirt anns na Fèisean a shruthadh cuideachd.	
BnG4.2	Leasachadh air goireasan didseatach agus a' sealltainn fianais air àrdachadh luchd-cleachdaidh de co-dhiù 5% air a' bhliadhna roimhe.		Faicibh AC35 gu h-àrd. Tha sinn ag amas air barrachd chùrsaichean a chur ri Oide sna miosan a tha romhainn agus cuideachd tuilleadh ghoireasan didseatach a leasachadh.	
BnG5	Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, le dearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig na cànan-obrach làitheil agus air a cleachdadh airson rianachd na buidhne.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sin follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a' Bhùird, mar eisimpleir, nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG6.1	A' foillseachadh co-dhiù 6 sanasan-naidheachd sa bhliadhna airson obair na buidhne a bhrosnachadh agus taic a' Bhùird aithneachadh.		Chaidh grunn phìosan naidheachd fhoillseachadh agus tha cothroman air a bhith aig Bòrd na Gàidhlig aithrisean a chur riutha, a bharrachd air a bhith ga ainmeachadh. Bidh liosta den luchd-maoineachaidh againn air fad a' nochdadh aig bonn gach sanas naidheachd. Bidh tuilleadh chothroman ann sna mìosan ri teachd le pròiseactan Fèisgoil, Blas is eile.	
BnG6.2	Ag ùrachadh làrach-lìn agus cunntasan mheadhanan sòisealta na buidhne gu cunbhalach le fiosrachadh as ùr air obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh de taic-airgid a' Bhùird.		Tha sinn a' dèanamh seo gu cunbhalach airson an obair anns a bheil sinn fhìn, agus na Fèisean, an sàs. Bidh sinn ag aithneachadh taic a' Bhùird tro shanasan/phostairean agus le bhith ag ainmeachadh a' Bhùird agus a' dèanamh ceangal ris na duilleagan sòisealta aige.	
BnG8	Fianais air conaltradh còmhla ri oifigearan Iomairtean aig Comunn na Gàidhlig.		Bha grunn chòmhraidhean ann le Oifigearan Iomairtean Comunn na Gàidhlig airson a dhèanamh cinnteach gun robh sinn ag amas air cur-seachadan eadar-dhealaichte tro phròg ram #cleachiaigantaigh. Tha sinn cuideachd air a bhith bruidhinn riutha mu chothroman cho-obrachaidh eile agus pròiseactan a bharrachd le Spòrs Gàidhlig.	
BnG10	A' cur nam bliadhnaichean nàiseanta agus eadar-nàiseanta le cuspairean sònraichte a leanas air adhart agus a' toirt aithne dhaibh is a' togail bratach na Gàidhlig nar sanasachd: • 2020: Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba • 2021: Bliadhna Cholmcille		Faicibh AC33 gu h-àrd airson fiosrachadh mu phròiseact Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba 2020. Ghabh Ceannard Fèisean nan Gàidheal pàirt ann an seisean air-loidhne gus barrachd fhaighinn a-mach mu Bhliadhna Cholmcille 2021. Bidh sinn deònach pàirt a ghabhail ann am Bliadhna Cholmchille 's bidh còmhraidhean gan cumail ri Manaidsear Chom-pàirteachasan a' Bhùird airson coimhead air dòighean a comharrachadh tron phròg ram againn.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				

CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris gu mionaideach air adhartas gun Aonta Ìre Seirbheis againn. Ge-tà, tha Comhairle nan Gàidhealtachd air an airgead ris an robh dùil againn a phàigheadh airson 2020-21. A bharrachd air sin, tha còmhraidhean feumail air a bhith ann mu chonaltradh agus co-obrachadh nas fheàrr san àm ri teachd, an dàrna cuid le Cathraichte comataidh ùr na Gàidhlig agus dithis oifigear aig a bheil dleastanas airson na Gàidhlig a-nise.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2020-21. Fhuair Fèisean Earra-Ghàidheil £28,760 mu choinneamh tachartasan gu deireadh R2. Bhitheamaid an dùil barrachd a phàigheadh dhaibh aon uair 's gu bheil cead ann tachartasan a chumail aghaidh ri aghaidh a-rithist. Fhuair trì Fèisean san sgìre taic a bharrachd airson dèiligeadh ri cosgaisean nuair a b' fheudar dhaibh tachartasan a chur dheth.	
CEB2	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha dithis Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT). Bidh Fèisean na sgìre a' faighinn taic bhon sgioba air fad. Gheibh sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige. San eadar-ama, ann an R1 agus R2, ghabh cuid de sgoilearan Earra-Ghàidheal is Bhòid pàirt sa phròram #cleachiaigantaigh.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2020

Fèisean nan Gàidheal

Pròram bhon Dàmhair agus planaichean na h-ama ri teachd

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2020.02(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun phròram a lìbhrig Fèisean nan Gàidheal bhon Dàmhair air adhart agus molaidhean mu na prìomhachasan a bhios romhainn anns mìosan ri teachd.

Bun Fhiosrachadh

Mar a chaidh aithris aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd-stiùiridh, a dh'aindheoin buaidh Covid-19, tha Fèisean nan Gàidheal air oidhirp a dhèanamh làn-phròram a thoirt gu buil leis a' mhòr chuid de thachartasan air-loidhne.

'S e ar prìomhachas fad na h-ùine taic a chumail ris na Fèisean a tha a' cumail a' dol an-dràsta. Tha cuid aca air leantainn orra le clasiachean air-loidhne. Bha co-obrachadh ann san Dàmhair a-rithist airson a dhèanamh cinnteach gun robh Fèis ann air-loidhne fhad 's a bha saor-làithean nan sgoiltean ann.

Tha sinn air a bhith a' pàigheadh thabhartasan do na Fèisean a rèir feum agus chaidh taic a chumail riutha ann an caochladh dhòighean.

A bharrachd air taic a chumail ris na Fèisean, tha sinn air soirbheachadh pròram meadhanach farsaing a thabhann agus chaidh fàilte a chur air na tachartasan againn.

Pròram bhon Dàmhair

Seo na prìomh thachartasan a tha air a bhith ann bhon choinneamh mu dheireadh:

- Pròram #cleachdi aig an taigh pàirt 2
- Meanbh-Chuileag (Eliza tro Fèisgoil)
- Blasad Gàidhlig (tro Fèisgoil)
- Fèisean na Dàmhair
- Fuaran
- Bothan nan Òran
- Blas
- Làrach Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba.

Tha fiosrachadh anns an aithisg fo 4.2020.02(a) agus anns na h-aithisgean aig luchd-obrach fa leth fo 4.2020.02(c) air mar a chaidh leinn leis a h-uile càil. Bidh cothrom aig buill a' Bhùird barrachd fiosrachaidh iarraidh agus ceistean a thogail aig a' choinneimh.

Prìomhachasan na h-ama ri teachd

Tha sinn a' tighinn gu àm sa bhliadhna far a bheil, gu h-àbhaisteach, nas lugha a' dol air adhart aig na Fèisean ionadail, a bharrachd air clasaichean cunbhalach, ach tòrr phlanaichean ri chur air dòigh.

Bruidhinnidh sinn barrachd mun deidhinn aig a' choinneimh ach seo na prìomhachasan a bhios ron sgioba sna mìosan a tha romhainn:

- Taic a chumail ris na Fèisean le clasaichean agus planaichean a chur ri chèile airson 2021-22
- Tachartasan #cleachdi aig an taigh pàirt 2 a chumail a' dol
- Clasaichean ICO a lìbhrigeadh ann an sgoiltean na Gàidhealtachd
- Còmhraidhean a chumail le e-Sgoil mu cho-obrachadh
- Seiseanan Blasad Gàidhlig is eile aig Fèisgoil a chumail a' dol agus an leudachadh
- Toraidhean Bothan nan Òran fhoillseachadh
- Dealbh-chluich na Nollaige a sgaoileadh air sgoiltean
- Clàraidhean de dh'òrain Nollaige a sgaoileadh air sgoiltean
- Crìoch a chur air pròiseact Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba
- Sreathan ùra de leasanan a chlàradh airson Oide
- Beachdachadh air cothroman airson com-pàirteachas ann an Colmcille 1500
- Stòras Ealain na h-Òigridh: Cothroman muinntireas le Fèisean a stèidheachadh sa bhliadhn' ùir
- Obair Hùb Hàb a chur air dòigh do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean

- Cùrsaichean Gàidhlig do dh'oidean a chur air dòigh
- Fèisean a' Ghearrain a chur air dòigh – air-loidhne 's dòcha
- Clàraidhean Fuaran a chur air dòigh
- Còmhraidhean a chumail ri buidhnean maoineachaidh mu airgead 2021-22
- Fèisean ath-bheothachadh a rèir suidheachadh Covid aig an àm.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

(a) fa-near a thoirt do thoraidhean a' phròg̀ram bhon Dàmhair air adhart

(b) ceist sam bith a thogail

agus

(c) aontachadh ris na prìomhachasan a thathas a' moladh an dèidh aithrisean fhaighinn aig coinneamh a' Bhùird.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2020

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2020.02(c)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

25.09.20 Coinneamh a' Bhùird agus Co-labhairt Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal
28.09.20 Coinneamh mhìosail le Bòrd na Gàidhlig
28.09.20 Coinneamh de Chomann nam Pàrant Port Rìgh (Iomairtean)
29.09.20 Coinneamh le Marie Lewis bho SEALL mu dheidhinn Blas
02.10.20 Com-pàirteachas ann an coinneamh mu fhoghlam Gàidhlig le riochdairean an OECD
06.10.20 Coinneamh le Mòrag NicDhòmhnaill, Alba Chruthachail, mu Stòras Ealain na h-Òigridh
07.10.20 Coinneamh le The Ticket Fairy mu dheidhinn Blas
09.10.20 Coinneamh bhideo le Mike Vass mun choimisean aige son Blas
20.10.20 Coinneamh le Ealasaid NicDhòmhnaill, MG ALBA, airson còmhradh mun ro-innleachd aca
26.10.20 Coinneamh bhideo le Brian Ó hEadhra mu chom-pàirteachas ann an Colmcille 1500
02.11.20 Coinneamh mhìosail le Bòrd na Gàidhlig
02.11.20 Coinneamh bhideo le Katie Lackie agus Lena Walker aig Comhairle na Gàidhealtachd
02.11.20 Coinneamh bhideo le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
06.11.20 A' sruthadh cèilidh Albannach/Èireannach ann an co-bhanntachd ri Colmcille
10.11.20 Coinneamh de phanail Tasgadh
11.11.20 Coinneamh le buidheann turasachd na Gàidhlig aig VisitScotland
12.11.20 Coinneamh bhideo le Limelights agus Wee Studio mu thachartasan Bhlas
17.11.20 Agallamh le Radio Skye mu dheidhinn Blas
18.11.20 Coinneamh de phanail Maoin nan Ealan Gàidhlig
19.11.20 Agallamh le BBC Scotland (Travelling Folk) mu dheidhinn Blas
21.11.20 Tachartas Blas ann an Slèite
23.11.20 Tachartas Blas ann am Port Rìgh
24.11.20 Clàradh airson tachartas Blas ann an Slèite
26.11.20 Coinneamh sgrùdaidh bhliadhnail le Bòrd na Gàidhlig
29.11.20 Tachartas Blas anns a' Ghearasdan
29.11.20 Agallamh le BBC Scotland (Naidheachdan) mu dheidhinn Blas
08.11.20 Coinneamh air fòn le Siobhan NicAnndrais bho Alba Chruthachail
10.11.20 Coinneamh bhideo le Katie Lackie agus Lena Walker aig Comhairle na Gàidhealtachd

Tha mi air goistidheachd aontachadh ri Hands Up for Trad airson Talla nan Seòid aig Na Trads (£700) agus ri Film-G airson na co-fharpais air-loidhne acasan san roinn airson Film Às Fheàrr aig Buidheann Òigridh (£500).

Bu mhath leam, uair eile, mo thaing a chlàradh don sgioba air fad a tha air obair mhòr, mhath a dhèanamh ann an suidheachadh dùbhlanach cha mhòr fad na bliadhna. Nì sinn uile feum air fois aig àm na Nollaige.

Ainm	Calum Ailig Macmhaoilein
Dreuchd	Manaidsear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha mi a' cumail orm taic a thoirt do Fèisean nan Eilean Siar agus an t-Eilean Sgitheanach le maoineachadh is tabhartasan, taic le clasaichean, sanasachd, eadar-theangachadh is eile.

Tha mi a' cumail taic is stiùir chunbhalach dhan an sgioba leasachaidh 's tha sinn a' cumail còmhraidhean gu tric air-loidhne.

Ghabh mi pàirt ann an còmhradh neo-fhormeil le Fèisean air Diluain 9 Samhain. Bha seo gu math feumail dhuinne mar sgioba agus dha na Fèisean. Thairis air na mìosan a tha romhainn bidh sinn a' cur barrachd chothroman mar seo air dòigh le beagan trèanaidh mar phàirt dha na cruinneachaidhean.

Fèis na Dàmhair

Chur sinn Fèis Air-loidhne san Dàmhair 's bha mi an sàs le bhith a' cur gnothaichean an ordùgh son seo a dhèanamh. Chuir mi fiolm air dòigh cuideachd den luchd-teagaisg a chaidh a shruthadh aig deireadh an t-seachdain 's chuir mi fiolm ri chèile cuideachd do Fèis Spè a' chum an fhèis aca air a' chiad seachdain de làithean-saora na Dàmhair.

Leasachaidhean Didseatach

Tha na leabhraichean Ceòl nam Fèis a-nis rim faighinn gu didseatach. As a' bhliadhn' ùr bidh sinn a beachdachadh air tuilleadh ghoireasan didseatach a chruthachadh agus cuideachd barrachd leasanan a chur ri Oide.

Bliadhna Cladaichean is Uisgeachan na h-Alba

Tha mi air a bhith feuchainn ri na clàraidhean mu dheireadh a chur air dòigh airson a' phròiseact seo 's tha mi an dòchas gum bi iad uile againn ro mheadhain an Dùbhlach. 'S i Raonaid Nic an Fhucadair a fhuair a' choimisean a thabhann sinn ach a bharrachd air sin thug sinn cothrom do thriùir eile òran a sgrìobhadh – Mairi Anna NicUalrag, Niall O' Gallagher agus Seumad Hind.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2020

Chaidh Blas air-loidhne air adhart eadar 20-30 Samhain. Ged a bha an fhèis nas lugha a thaobh àireamh thachartasan am bliadhna, bha fhathast an t-uamhas obrach na luib leis gu robh e air a chumail ann an riochd gu tur eadar-dhealaichte.

Air na beagan miosan a dh'fhalbh, dh' obraich mi gu dlùth ris a' cheannard, co-òrdanaiche Blas Criosaidh NicRath a bharrachd air Luke a rinn an làrach-lìn agus Ceitidh NicCoinnich a bha a' cur air dòigh na naidheachd agus cumail smachd air na meadhanan sòisealta againn.

Chur sinn 9 Consart air dòigh sinn fhìn 's dh' obraich sinn ann an co-bhonn ri Fèis nan Tallaichean Beaga 's chur iadsan tri chonsartan/cèilidhean a bharrachd air dòigh. A thuilleadh air sin rinn sinn trì cèilidhean Facebook, 3 pìosan dràma Gàidhlig, dà sheisean Tac an Teine (fear aca a bha le seinneadairean a tha gabhail pàirt ann am Fuaran am bliadhna), trì oraidean agus sreath de bhùiththean-obrach airson inbhich.

Fhuair 30 òigear bho air feadh na Fèisean an cothrom a bhith mar phàirt de choimisean Mike Vass 'Air Falbh ann am Bata' agus bha 11 com-pàirtiche Fuaran an sàs ann an Tac an Teine.

Trèanadh Luchd-obrach

Tha sinn fhathast ag obair tron a' chùrsa gràmair air loidhne tro Cholaiste a' Chaisteil, Leòdhais.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg
Tha cuid dha buill comataidh nam Fèisean air a bhith an sàs le trèanadh dìon-chloinne air na miosan a dh'fhalbh 's bidh barrachd a' dèanamh seo as an àm ri teachd. Tha iarrtas bho chuid de chomataidhean trèanadh ionmhasail fhaighinn 's tha mi an dùil beagan trèanaidh a lìbhrigeadh anns a' bhliadhn' ùr air a chuspair seo.

Thèid trèanadh Gàidhlig a thabhann do luchd-teagaisg as na miosan a tha romhainn.

Fuaran
Tha mi ag obair gu dlùth le Karen is Abi air a' phròiseact seo 's tha mi a' cumail taic ri triùir dha na com-pàirtichean.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Cleachdiaigantaigh
Bhon a thànaig a' choronabhìorais tha sinn air pròram farsaing de chothroman a chur air dòigh eadar chlasaichean ciùil, seinn, bùithtean-obrach Fuaran, òraidean cultarach, seiseanan cànain, dràma is eile 's gu ruige seo tha barrachd air 3,700 neach air a bhith an sàs.

Chur sinn Fèis na Dàmair air dòigh fhad 's bha sgoiltean dheth san Dàmhair 's ghabh àireamh mhath pàirt ann. Tha sinn cuideachd air a bhith a' lìbhrigeadh clasaichean leantainneach tro mheadhain na Gàidhlig. Tha e follaiseach dhuinn gu bheil iarrtas ann airson an leithid 's tha gu leòr ann a bhios sinn airson cumail fiu 's nuair a bhios e comasach do thachartasan aghaidh ri aghaidh a bhith dol.

Tha Tac an Teine air Loidhne air obrachadh glè mhath. Chur mi 5 seiseanan air dòigh thairis air an t-Earrach agus an t-Sàmhradh le suas ri 20 a' gabhail pàirt ann. Rinn mi fear eile mar phàirt de Bhlas agus bha 35 an làthair.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Bha sinn a sruthadh cuirmean fad an t-samhraidh agus san Dàmhair le luchd-teagaisg bho na Fèisean air-loidhne 's tha còrr is 14,000 air coimhead riutha. A bharrachd air sin chur sinn consart ri chèile le bhideothan bho na com-pàirtichean 's chaidh sin a' choimhead le còrr is 2,500 neach.

Chaidh a h-uile càil tro Bhlas a' lìbhrigeadh air-loidhne am bliadhna. Bidh mi ag ullachadh aithisg le tuilleadh fiosrachaidh airson an ath choinneamh den Bhòrd-stiùiridh sa Ghearran.

Tha Oide a-nis air fhoillseachadh 's bidh sinn a' cur barrachd leasannan is cuspairean ris as a' bhliadhna' ùr.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Tha sinn fhathast ag obair bhon taigh 's tha cùisean a' dol gu math leis an sgioba. Tha conaltradh cunbhalach a' dol air adhart agus taic mhath ga chumail dha chèile.

Coinneamhan
25.09 – Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt FnG
07.10 – Ticket Fairy (Sruthadh Blas)
09.10 – Mike Vass (Coimisean Blas)
29.10 – Buidheann Pròramaidh Blas
01.11 – Còmhradh le Dawn is Margie Beaton mu Bhlas
09.11 – Coinneamh le riochdairean nam Fèisean
12.11 – Coinneamh le sgioba teicnigeach Blas (Limelights agus Wee Studio)
16.11 – Agallamh Rèidio nan Gàidheal
18.11 – Agallamh An Là
13.11 – MG Alba agus Beezr
26.11 – Bòrd na Gàidhlig
03.12 – Coinneamh Bhliadhnail Fèis Tìr an Eòrna

Ainm	Anna Willoughby
Dreuchd	Manaidsear Gnìomha

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a'thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur mi mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2019-20. Tha iarrtasan airson Sgeama Tabhartasan 20/21 air tighinn a-staigh agus airgead air a dol a-mach gu Fèisean na Caisg an t-Sàmhraidh agus Fèisean na Dàmhair airson luchd-teagasg a'phàigheadh.
- Pàigh mi mach airgead airson Maoin Leasachadh nam Fèisean aig deireadh na bliadhna ionmhais.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Sandy Gray feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a'coimhead às dèidh seo.
- Chaidh maoineachadh a bharrachd a' phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a bha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan.
- Bha mi trang chur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2020 air 25 Sultain 2020. Bha 146 an làthair aig tachartasan tron latha agus 53 air-loidhne airson a'Coinneamh Bhliadhnail.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Ach tha Luke a'gabhail seo às laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Pàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba.
- Chan eil iarrtas mòr air a bhi air ionnsramaidean chùil a chur a-mach gu ruige seo. Tha Luke a'coimhead às deidh seo a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd.
- Chur mi àrachas air dòigh airson FNG agus chaidh àrachas a'chur air dòigh airson Blas.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 20/21 a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chan eil cabhaig oirnn seo a'dhèanamh am bliadhna.
- Tha mi toirt taic dhan na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair 15 luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Dìon Chloinne aig deireadh an t-Sultain. Tha trèanadh Dìon Chloinne air loidhne cuideachd.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson Co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a'Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a'dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Tha Luke a dèanamh trèanadh larach-lin bhon taigh còmhla ri luchd-obrach. Bha Karen a dèanamh trèanadh 'A lasadh iomairt 'sa Choimhearsnachd' agus rinn Abi & Karen trèanadh sàbhailteachd a bha Alba Cruthachail a'ruith. Bha Luke a gabhail pàirt ann an Cearcall Comhraidh bha Fèis Rois a'ruith. Rinn e trèanadh a'bharrachd air an làrach-lìn còmhla ris an sgioba. Ghabh Mairi Oakley pàirt air trèanadh air-loidhne airson ionmhais. Chur Eilidh air dòigh trèanadh do oidean ICO.
- Chur mi air dòigh 2 seisean le Ailig Bhaltois mar phàirt Cleachdiaigantaigh.
- Tha sin a'cuideachadh nam Fèisean a bhi cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar air-loidhne.
- Chur mi air doigh litrichean & pàigheadh airson Tasgadh. Thèid aig Luke seo a'dhèanamh a-nis.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Pàigheadh mi mach fàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar as trice.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Samhain am bliadhna. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
- Bha 6 Chèilidhean air Chuairt gu bhi a'ruith ann an 2020-201agus tha mi air airgead a'phàigheadh a-mach do chuid. Chaidh Cèilidh Trails 2020 a chur dheth ach bha trèanadh a dol air adhart air air-loidhne aig Fèis Alba.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire agus Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile an-dràsta ag obair bhon taigh.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais agus a cur a-mach foirm iarrtas gu Iomairt na Gàidhealtachd aig deireadh gach ràithe.
- Tha mi coimhead às deidh goireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan airson Oifigear Pròiseactan & Oifigear Leasachaidh am bliadhna agus cùmhnantan airson Laura & Abi a shoirbhich. Tha Luke Slater còmhla rinn a-nis mar Rianaire. Tha Laura air forladh maithaireil bhon Òg-mhios.
- Tha mi chur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine air-loidhne còmhla ri Kaye MacLeod bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh sgrùdadh am bliadhna.
- Thug mi taic do Luke a chur air dòigh a ghearr-chunntais airson a'choinneamh mo dhèireadh agus eader-theangachadh. Chur mi air dòigh na aithisgean ionmhais airson na choinneamh seo.
- Thòisich sin air clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird bho 1 Giblean 2015. Tha sin air a bhi clàradh sgaoilidhean gualan bhon an luchd-teagasg bho 1 Giblean 2016.
- Tha clàr chunnartasan air ùrachadh airson na bliadhna seo.

Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach ach bha mi aghaidh ri aghaidh aig na coinneamhan a leanas air Skype & Zoom bhon taigh:

- Coinneamh a'Bhùird – 22 Cèitean, 26 Sultain 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (Arthur, CA, Eilidh) – 28 Cèitean, 01 Sultain 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (a h-uile duine) – 26 Òg-mhios, 07 Sultain 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (Arthur) – 30 Òg-mhios, 21 Iuchar , 28 Dàmhair 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (CA) – 12 Lùnastal 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (Arthur,Luke) – 15 Sultain 2020
- Coinneamh le MEPG (Eilidh) -13 Samhain 2020
- Coinneamh an luchd-obrach (Arthur, CA) – 26 Samhain 2020
- Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig (Arthur, CA) – 26 Samhain 2020

Ainm	Eilidh NicCoinnich
Dreuchd	Manaidsear Fèisgoil

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

A' neartachadh ceanglaichean eadar na Fèisean is Fèisgoil:

Anns an t-suidheachadh annasach a th' againn an-dràsta, tha an obair agamsa nas dlùithe ri sgioba leasachaidh FnG na tha àbhaisteach.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tachartasan trèanaidh

Oidean ICO:

- 05.10.20: 2 sheisean trèanaidh air an lìbhrigeadh le muinntir HLH, cuspair fa-leth = Google Meet agus Gsuite. Fhuair na h-oidean ICO air a' Ghàidhealtachd air fad cuireadh a bhith an làthair air-loidhne. Nochd 31 (+ 2 ga lìbhrigeadh, 6nar luchd-obrach bho HLH agus mi-fhìn a bharrachd).
- 29.10.20: Seisean eile freagarrach do dh'oidean ICO le Norrie MacÌomhair, 21 an làthair uile gu lèir (19 oidean, Norrie agus mise)

Buidhnean eile:

- 07.10.20: Èolas air a' Ghàidhlig - Lìbhrig Eilidh NicCarmaig seisean do luchd-obrach Network Rail. Bha 14 an làthair, a bharrachd air Eilidh agus mi-fhèin
- 02-06.11.20: Seachdain Trèanaidh do luchd teagaisg C1+2/GLE – co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail. Chlàr 74 – cuid tro jotform agus cuid tro neach-teagaisg mar 'rep' sa sgoil.

luchd lìbhrigidh	luchd teagaisg	seiseanan	
7	74	238*	**chan eil fios agam le cinnt an do nochd a h-uile duine gach turas oir bha cuid a' cruinneachadh anns an rùm sgoile agus a' cleachdadh an aon compiutair/tablet.*

- Sgaoil sinn fios tro na h-oidean ICO & Blasad Gàidhlig mu sheiseanan trèanaidh air-loidhne le TMF agus MEPG a thachair neo a tha fhathast ri tachairt. Bha mi an làthair aig dà sheisean tràth san Dùbhlachd, fear air Microsoft Teams agus fear eile air Gsuite.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha mi fhathast an sàs san iomairt **#cleachdiaigantaigh** ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig. Tha Café Bheairteis agus Caraidean Còmhraidh (gu ìre) fhathast a' ruith gach seachdain is bu mhath leam Caraidean Còmhraidh a leasachadh an ath theirm.

DRÀMA

Meanbh-chuileag agus Sporan:

Bha a' chiad sealladh air Eliza againn air 28.10.20 agus lìbhrig Lana Pheutan agus Artair Donald bùithtean-obrach do sgoiltean FTMG agus Calum Barker do sgoiltean GLE/C1+2.

Meanbh-chuileag agus Sporan 2020/21 bùithtean-obrach uile gu lèir			
oidean	**sgoiltean**	**seiseanan**	**sgoilearan**
3	48	61	1,144

Panto: Gu mi-fhortanach leis an uallach obrach agam, cha robh cothrom agam a bhith an sàs leis a' phanto am-bliadhna.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Cànan a bharrachd, An Eaglais Bhreac

Thòisich sinn na seiseanan Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh air-loidhne do na sgoiltean air 09.09.20:

oidean	**sgoiltean**	**seiseanan**	**sgoilearan**
4	5	324	748

Caraidean Còmhraidh
Dà sheisean gach seachdain

oidean	seiseanan	sgoilearan
1	9	3

oidean	seiseanan	inbhich
1	9	1

Café Bheairteis: Seo liosta de na h-aoighean a bha an lathair bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd:

Cinn-là	Aoigh na seachdain
02.10.20	Lauren NicFheargais (oiseanlauren)
30.10.20	Joy Dunlop (aimsir, ceòl)
06.11.20	Dr Rachel Allan (saidhg eòlaiche)
13.11.20	Eòghann MacEanruig (ceòl)
20.11.20	Ceit-Anna NicLeòid (neach lagha)
27.11.20	Iseabail Nic an t-Sagairt (MG Alba)
04.12.20	Robbie Greig (ceòl)
11.12.20	Buidhean-stiùiridh/Café Nollaige

CEÒL
ICO: thòisich 4/6 de sgìrean ionadail nam fèis air na seiseanan ICO aca a lìbhrigeadh.

Òrain Ùra Nollaig: Tha trì òrain ùra gu bhith againn mar thaisbeanadh sgoile le dùil an cleachdadh an ath bhliadhna mar ghoireas theagaisg.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Seachdain trèanaidh CLPL – luchd teagaisg – bha cuid an sàs gun eòlas air FnG ro na seiseanan taic.

Òran Eliza a' sgaoileadh mar 'single' agus taisbeanadh film do luchd-èisteachd 's dòcha gu tur ùr do thachartasan FnG.

Ainm	Nicola Simpson
Dreuchd	Àrd Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Bha Fèis Air an Oir an sàs anns an tachartas air -oidhne againn - Fèis an Dàmhair agus tha na clasaichean leantainneach aca a' cumail a' dol air-loidhne tron gheamhradh. Thachair an coinneamh bhliadhnail, air Zoom, san Dàmhair mar a bha sinn an dùil agus bha an coimhearsnachd ionadail gu math taiceil.

Fèis a' Bhaile

- Tha comataidh Fèis a' Bhaile fhathast ag obair air an duileag Facebook aca agus leabhar puirt ùr airson com-pàirtichean. Bidh an comataidh a' coinneachadh anns a' bhliadhn' ùr airson planaichean a chur air dòigh airson latha Fèise sa Ghiblean.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach a' cumail a' dol air-loidhne.

Fèis Obar Dheathain

- Bidh Fèis Obar Dheathain a' coimhead ri Fèis na Càisge a' ruith anns a Ghiblean 2021, ma tha e ceadaichte. Bidh an comataidh a coinneachadh gu cunbhalach air Zoom agus tha iad a' cur air doigh buth-obrach seinn, ai- loidhne, le Gillebrìde MacIlleMhaoil air an 18mh den Dùbhlachd.

Fèis Chataibh

- Bidh am priomh Fhèis a' tachairt san Iuchar 2021

Fèis Spè

- Tha na clasaichean leantainneach a' cumail a' dol air-loidhne ach tha iad an dùil a' bhith ruith seisean no dhà aghaidh ri aghaidh airson na deugairean aig Badaguish tron gheamhradh.
- Thachair am prìomh Fhèis air-loidhne eadar 12na agus 16mh den Dàmhair. Bha clasaichean ann airson Fèis-bheag agus inbhich agus bha bùth-obrach ann airson deugairean aig Badaguish, a' cumail ri riaghailtean Covid. Bha an seachdain gu math soirbheachail ach beagan cosgail ach fhuair a h-uile duine a bha an sàs togail mòr bhon tachartas.
- Bidh mi ag obair leis a' chomataidh anns na mìosan ri thighinn airson maoineachadh a' lorg airson uairean rianachd.

Fèis Ghallaibh

- Bidh na bùithtean obrach aig Fèis Ghallaibh a' toiseachadh a-rithist nuair a tha e sàbhailte agus iomchaidh a' bhith aghaidh ri aghaidh.

Fèis Mhoireibh

- Tha iad a' leantainn le clasaichean air -oidhne.
- Tha dùil aca coinneamh bhliadhnail a chumail ro dheireadh an t-Samhain ach tha mi a' feitheamh airson ceann-latha.

Cothrom Còmhraidh

- Chaidh a chiad 'Cothrom Còmhraidh' againn air adhart air Zoom aig toiseach an t-Samhain. Bha an còmhradh gu math neo-fhoirmeil agus fhuair a h-uile duine cothrom bruidhinn mu dheidhinn na bha na Fèisean aca fhein a' dèanamh tron ghlasadh-sluaigh agus dè tha iad airson a' dheanamh anns na mìosan ri thighinn. Airson an ath chòmhradh bidh neach-ciùil Karl MacRath còmhla rinn, 's bheir esan sealladh dhuinn air an obair aige le clann aig a bheil feumalachdan a bharrachd.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Deireadh-seachdain de chlasaichean-maighstireachd aig Pitcalzean

- Tha an tachartas seo air a chur dheth dhan t-Samahin 2021 ach bidh am maoineachadh bhon REMT Youth Development Fund fhathast ann airson a' phròiseict.

Coimisean Blas

- Ghabh compàirtichean bho tòrr dhiofar Fèisean pàirt anns am proiseact ùr aig Mike Vass airson an oidhche fosglaidh aig Blas. Ron an tachartas dh'obraich mi le Mike airson compàirtichean a' lorg agus seiseanan deasachaidh a chur air doigh.

Bùithtean obrach Blas

- Mar phàirt den Fhèis, chuir an sgìoba leasachaidh air dòigh bùithtean obrach air-loidhne airson inbhich ann am fidheall, pìobaireachd, seinn, dannsa-ceum agus piana. Bha an dà latha gu math soirbheachail le compàirtichean a' tighinn a-staigh air Zoom bho diofar sgìrean ann an Alba agus dùthchannan eile.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Oide

Tha mi ag obair le Calum Alex airson fiolmadh a chur air doigh ro àm Nollaig airson sreath ùr de leasanan dannsa-ceum le Frank McConnell airson Oide.

Ainm	Aonghas MacLeòid
Dreuchd	Oifigear Dràma

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh

Bidh mi lìbhrigeadh seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamhan a' bhùird agus a' toirt taic do na Fèisean far a taic le dearbh-leughadh a dhith.

Dràma Gàidhlig aig na Fèisean

Thathar a' dèanamh measadh air an ìre de dhràma a th'air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann gus cùisean a leasachadh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh

Thathar a' tabhann cothrom cosnaidh agus cothroman gus sgilean a leasachadh do chleasaichean le Gàidhlig tro phròiseactan leithid Meanbh-chuileag, Hùb Hàb agus am panto Gàidhlig. Thathar a' tabhann cothroman-obrach do dh' oidean dràma le Gàidhlig tro na Fèisean dràma a bhios againn do sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tron Sgoil Shamhraidh Dràma. Chaidh ceithrear le Gàidhlig eadar 16 agus 19 bliadhna a dh'aois fhastadh mar chleasaichean gus an tionndadh Gàidhlig 's tionndadh Beurla den fhilm Eliza a riochdachadh. Chaidh dithis a tha fileanta ann an Gàidhlig fhastadh gus sreath de bhùthan-obrach eadar-obrachail air loidhne a' lìbhreagadh as deidh do sgoiltean Eliza fhaicinn. Chaidh còignear daoine òga fhastadh gus cleasachd a dhèanamh ann am panto Gàidhlig na bliadhna sa.

Stòr-dàta de Chleasaichean

Thathar an dùil cur ris an àireamh de dhaoine òga le Gàidhlig san stòr-dàta againn aig am biodh ùidh ann an obair chleasachd anns na pròiseactan dràma againn. Chaidh seo a shanasachd aig toiseach a' Mhàirt ron lockdown. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn aig www.feisean.org/cothroman.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Meanbh-chuileag 2020 - Eliza

Bhathar an dùil turas nàiseanta a chumail eadar 24 Lùnastal agus 9 Dàmhair ach chaidh a chur dheth air sgàth suidheachadh Covid-19. Chaidh am film Eliza a' riochdachadh na h-àite a tha freagarrach do chlann ann an ceann shuas na bun-sgoile (P5-P7) agus chaidh a thabhann do bhun-sgoiltean bho 26 den Dàmhair 2020 air adhart. Sgrìobh mi an sgriobt agus san t-Sultain thug mi stiùir do na cleasaichean tro shreath de sheiseanan deaschaidh a chaidh a chumail le Zoom. Dh'obraich mi gu dlùth le Eilidh NicCoinnich, a' cho-òrdanaich a' cheòl san fhilm, Friseal MacDhòmhnaill bho Node Graphics a chur na feartan lèirsinneach ris an fhilm agus Graeme Roger bho Firebird a dheasaich e. Chaidh premiere den tionndadh Gàidhlig den fhilm a thaisbeanadh air 28 Dàmhair. Chaidh taisbeanadh poblach den fhilm a sruthadh den tionndadh Gàidhlig den fhilm air duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal air 28 Samhain is i nochdadh mar phàirt de phròg ram de thachartasan air loidhne Fèis Blas na bliadhna seo. Cho-òrdanaich Eilidh NicCoinnich clàr-ama gus dèanamh cinnteach gum faigheadh a h-uile sgoil a bha ga iarraidh cothrom ga fhaicinn is pàirt a ghabhal ann an bùth-obrach air loidhne às dèidh làimh a bha stèidhte air an fhilm. Chaidh Lana Pheutan agus Artair Donald fhastadh gus na bùthan-obrach seo a lìbhrigeadh.

Sporan 2020 - Eliza

Bhathar an dùil turas sgìreil a chumail san t-Sultain ach chaidh a chur dheth air sgàth suidheachadh Covid-19. Na h-àite chaidh tionndadh Beurla den fhilm Eliza a' riochdachadh a tha freagarrach do sgoilearan bun-sgoile a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus chaidh a thabhann do bhun-sgoiltean bho 26 den Dàmhair 2020 air adhart. Sgrìobh mi an sgriobt agus san t-Sultain thug mi stiùir do na cleasaichean tro sreath de sheiseanan deaschaidh a chaidh a chumail le Zoom. Rè an obair riochdachaidh dh'obraich mi gu dlùth le Eilidh NicCoinnich, a' cho-òrdanaich a cheòl san fhilm, Friseal MacDhòmhnaill bho Node Graphics a chur na feartan lèirsinneach ris an fhilm agus Graeme Roger bho Firebird a dheasaich e. Chaidh taisbeanadh poblach den tionndadh seo den fhilm a' sruthadh air duilleag Facebook Fèis Blas air 28 Samhain is i nochdadh mar phairt de phrogram de thachartasan air loidhne Blas na bliadhna seo. Gu ruige seo tha corr is 1000 neach air an fhilm fhaicinn air an duilleag seo. Cho-òrdanaich Eilidh NicCoinnich clàr-ama gus dèanamh cinnteach gum faigheadh a h-uile sgoil a bha ga iarraidh cothrom ga fhaicinn is pàirt a ghabhail ann an bùth-obrach air loidhne às dèidh làimh a bha stèidhte air an fhilm. Chaidh Lana Pheutan agus Artair Donald fhastadh gus na bùthan-obrach seo a lìbhrigeadh.

Panto Gàidhlig 2020 – Ròs Bhàn agus na Seachd Sìthichean
Toiseach na bliadhna bhathar an dùil turas nàiseanta a chumail eadar 23 Samhain agus 11 Dùbhlachd ach chaidh a chur dheth air sgàth suidheachadh Covid-19. Anns an t-Samhain, thòisich mi a' riochdachadh panto le dùil ga fiolmadh 's ga thaisbeanadh air loidhne. Rè a' mhios seo sgriobh mi sgriobt ùr, thrusaich mi buidheann de chòignear chleasaichean agus thug mi stùir dhaibh rè sreath de naoi sheiseanan deasachaidh air loidhne eadar 16 agus 20 Samhain. Chaidh seiseanan deasachaidh buidhne a chumail leotha rè dà latha aig Eden Court, Inbhir Nis air 24 agus 25 Samhain. Tha mi fada an comain do Abi Lightbody son na taic a thug i dhomh a dealbhadh 's a riochdachadh an dreach-stèidse 's an taic a thug i dhomh rè nan làithean deasachaidh ann an Inbhir Nis. Chaidh latha deasachaidh teignigeach a chumail aig stiùideo Limlight Event Services leis an sgioba luchd camara, Alasdair MacIlleathain, Keith MacIlleMhoire agus Sam Hurt air Diardaoin 26 Samhain. Chaidh latha clàraidh a chumail an ath latha leis an aon sgioba 's an sgioba aig Limelight air Dihaoine 27 Samhain. Bha mise nam chleasaiche san dealbh-chluich 's thug mi stiùir don sgioba luchd camara agus luchd-obrach an stiùdeo rè nan laithean seo. Chaidh an fhilm a dheasachadh le Keith MacIlleMhoire le dùil gun gabhadh a thabhann do sgoiltean sa chiad dol a-mach 7 Dùbhlachd air adhart. Thathar an dùil sruthadh poblach a dheanamh den phanto nas fhaide air adhart sa mhios.

Hùb Hàb 2021
Air a' mhios seo ni mi planaichean gus Hùb Hàb air loidhne a riochdachadh le dùil gum bi e deiseil 's gun tèid a thabhann do sgoiltean 's sgoiltean-àraich toiseach a' Ghearrain 2021.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Thèid naidheachd mu na pròiseactan dràma a th'air an lìbhrigeadh tro Fèisgoil fhoillseachadh 's a shanasachd tro ar làrach-lìn 's na cunntasan meadhanan-sòisealta againn. Chaidh naidheachd mu gach dreach de Eliza son Meanbh-chuileag agus Sporan fhoillseachadh air ar làrach-lìn, Facebook agus Twitter. Chaidh naidheachd a chur gu luchd-naidheachd aig m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan-naidheachd. Rinn mi agallamh mu Eliza air Feasgar aig Radio nan Gàidheal air 25 Sultain. Chaidh earrann den fhilm a thaisbeanadh is agallamh le Eilidh NicCoinnich mun phròiseact mar phairt de phròram Eòrpa a chaidh a chraoladh air 12 Samhain. Air Radio nan Gàidheal air 27 Samhain chaidh agallamh le sgoilearan a Bun-sgoil Chnoc na Creige mun fhilm a chraoladh. Tha folkradio.com, The Press & Journal agus The Sunday Post air naidheachadhan fhoillseachadh mun phròiseact cuideachd.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis – turas san t-seachdain (Zoom/ Skype)

Meanbh-chuileag 2020: Coinneamh Zoom le with Graeme Roger bho Firebird agus coinneamh fòn le Fraser MacDonald bho Node Graphics. 4 x agallamhan air loidhne le na cleasaichean , sreath de

sheiseanan deasachaidh le na cleasaichean le Zoom agus 4 x seiseanan clàraidh le cleasaichean aig Dangerous Studios – 10/09/20, Cromarty Community Cinema – 21/09/20 agus Point Studio 22/09/20 agus 24/09/20. Thug mi stùir do na cleasaichean 's luchd-camara le Zoom.
Panto 2020 = 1 x coinneamh Zoom le co-obraichean gus a' chiad dreach den sgriobt a leughadh, 5 x agallamhan air loidhne le cleasaichean agus 9 x seiseanan deasachaidh (60 mionaidean) eadar 16 agus 20 Samhain 2020 le Zoom. Coinneamh le Craig Duncan bho Limelight Event Services gus sùil a thoirt air an stiudeo ùr aca air 16 Samhain agus coinneamh Zoom le Keith Morrison bho Wee Studio gus tuilleadh fiosrachaidh a thoirt dha mun sgriobt agus na planaichean gus a filmadh.

Ainm	Abi Lightbody
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Fhoirt

- Tha mi air a bhith a' cumail taic ri Katie Allen, a tha ruith na clasaichean seachdaineil aig Fèis Fhoirt an-dràsta.
- Fhuair Fèis Fhoirt £2,000 bhon Hugh Fraser Charitable Trust agus airson cosgaisean 2021.

Fèis an Tairbeirt

- Chaidh Fèis an Tairbeirt Air Loidhne fìor mhath agus tha a' chomataidh glè thoilichte. Dh'fhalbh 121 tiocaidean air-loidhne agus bha 59 an sàs sna tachartasan beò thairis air an deireadh-seachdain.
- Tha iad an dùil ri Fèis Air Loidhne a' ruith a-rithist sa Ghearran agus sa Mhàirt.
- Chaidh an Coinneamh Bliadhnail aig Fèis an Tairbeirt a chumail air 27/11/2020 agus 's e seo a' chomataidh aca o seo a-mach;

Ceannard	Alison McBride
Rùnaire	Jayne Jones
Ionmhair	Muriel MacKaveney
Oifigear Dìon Chloinne	Alison McBride
Oifigear Gàidhlig	Shona Marshall

Fèis Thatha

- Tha Fèis Thatha ag obair air Eachdraidh Ghàidhlig Thatha le Taigh-cluiche Baile Chloichridh agus rinn mi rud beag sanasachd airson na cothroman obrach a bh'aca.

Fèis Phàislig

- Chaidh an Coinneamh Bliadhnail aig Fèis Phàislig a chumail air 8/11/2020 agus tha a' Chomataidh a' fuireach mar a bh' aca an uiridh;

Ceannard	Karen Anderson
Rùnaire	Eleanor Whiteford
Ionmhair	Graeme Connell
Oifigear Dìon Chloinne	Karen Anderson
Oifigear Gàidhlig	Joy Dunlop

- Cha do thachair cuid de na tardaigean a bh' aig Fèis Phàislig airon 2020, ach tha iad ag obair air na targaidean seo airson 2021. M.e. tha iad airson 's gum bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail mar phàirt den cultar teagasg aca air sgàth 's gu bheil e air ais ann am Pàislig ann an 2023.
- Tha Fèis Phàislig feumach air barrachd taic airgead airson a' Chòisir Ghàidhlig aca. Tha Grant MacFarlane agus mi-fhèin ag obair air sin an-dràsta.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Tha mi fhathast ag obair air a' chursa Gàidhlig aig UHI
- Chuir mi fhèin, Karen Oakley, Nicola Simpson is Calum Alec MacMhaolain air dòigh cothrom còmhraidh airson duine a tha a' ruith Fèisean. Fhuair iad cothrom cabadaich ri chèile agus a' bruidhinn air cuspairean cudromach. Tha an ath chothrom chòmhraidh a' gabhail àite air 12/01/2020.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Tha mi air a bhith ag obair air Fèis Air Loidhne - Clasaichean a' Gheamhraidh agus tha e a' tòiseachadh air 30/11/2020. Bidh na clasaichean a' ruith airson 8 seachdainnean, le trì seachdainnean dheth aig àm na Nollaige.

Diluain	17:45 - 18:15	Bogsa-ciùil	Clas aon phàiste	Ian Mac A' Ghobhainn	1 com-pàirtiche
	18:20 - 19:00	Bogsa-ciùil	Buidheann	Ian Mac A' Ghobhainn	6 com-pàirtichean
Dimàirt	16:00 - 16:30	Meur-chlàr	Clas aon phàiste	Richard Mac A' Ghobhainn	1 com-pàirtiche
	16:35 - 17:05	Meur-chlàr	Clas aon phàiste	Richard Mac A' Ghobhainn	1 com-pàirtiche
	17:10 - 17:40	Meur-chlàr	Clas aon phàiste	Richard Mac A' Ghobhainn	1 com-pàirtiche
	17:45 - 18:15	Meur-chlàr	Clas aon phàiste	Richard Mac A' Ghobhainn	1 com-pàirtiche
	18:20 - 19:00	Meur-chlàr	Clas aon phàiste	Richard Mac A' Ghobhainn	2 com-pàirtiche
Diciadain	16:00 - 16:30	Fidheall	Clas aon phàiste	Chloë Bryce	1 com-pàirtiche
	16:35 - 17:05	Fidheall	Clas aon phàiste	Chloë Bryce	1 com-pàirtiche
	17:10 - 17:40	Fidheall	Clas aon phàiste	Chloë Bryce	1 com-pàirtiche
	17:45 - 18:15	Fidheall	Clas aon phàiste	Chloë Bryce	1 com-pàirtiche
	18:30 - 19:00	Fidheall	Clas aon phàiste	Chloë Bryce	1 com-pàirtiche
Diardaoin	16:00 - 16:30	Fìdeag	Clas aon phàiste	Seonaidh Mac an t-Saoir	1 com-pàirtiche
	18:20 - 19:00	Fìdeag	Buidheann	Seonaidh Mac an t-Saoir	3 com-pàirtichean
Dihaoine	16:30 - 17:10	Seinn	Buidheann	Chloe Steele	4 com-pàirtichean
	17:20 - 18:00	Seinn	Buidheann	Chloe Steele	

- Tha mi air a bhith a' cuideachadh Karen Oakley le bhith ruith Fuaran 2020.
- Chuidich mi sgioba Blas a' cuir air dòigh na buthan-obrach air an 21mh agus 28mh an t-Samhain.
- Bha mi ag obair còmhla ri Aonghais MacLeòid air a' panto-maim airson 2020. Bha mi ga chuideachadh le seata, culaidhean-coimheach agus props. Bha mi cuideachd an sàs aig an ruith-thairis a' cumail sùil air sàbhailteas a thaobh Covid 19.

Ainm	Karen Oakley
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Tha clasaichean seachdaineil **Fèis Òigridh na Mara**, **Fèis nan Garbh Chrìochan** is **Fèis Latharna** a' dol air aghaidh tha Còisir-G **Fèis na h-Òige**. Fhuair mi còmhradh leis na Fèisean sin mun dèidhinn agus rinn mi buidseatan còmhla riutha.

Chaidh **Fèis Òigridh na Mara** ainmeachadh mar aon do na pròiseactan a gheibh taic bho Mhaoin Choimhearsnachd a' Cho-Op. Rinn mi-fhìn is Eilidh Shaw iarrtas o chionn beagan mhìosan.

Tha Liz Jack bho **Fèis Spè** a' dèanamh cèilidh Nollaig thairis Zoom còmhla ri òigridh Bha deagh chòmhradh agam Liz thairis Zoom, a' toirt taic rithe le fuaimneachadh sa Ghàidhlig. Bidh Liz a' leughadh sgeul na Ìosa Crìost don chloinn aig cèilidh Nollaig air Zoom.

Trèanadh cùraim-chloinne
Ghabh 14 pàirt ann an cùrsa cùraim-chloinne air a chur air dòigh eadar FnG agus NSPCC Alba, Dimàirt 29 & Diciadain 30 Sultain, 5.30 – 7.15f air Zoom.

Cothrom còmhraidh
Às dèidh bheachd a-nochd aig an trèanadh gu h-àrd, chuir sinn cothrom còmhraidh air dòigh do luchd-eagrachidh nam Fèisean. Ghabh 14 bho Fhèisean ionadail agus an sgioba leasachaidh pàirt ann a cothrom còmhraidh thairis Zoom, 9 Samhain 2020. Thugar beachdan dhomh airson mo chuid obrach. Tharraing sinn pasgan de dh'fhiosrachaidh is stiùir às ùr còmhla airson na Fèisean nach b'urrainn a bhith ann gu sònraichte mu dheidhinn a bhith a' ruith thachartasan air-loidhne.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Fuaran
Thug mi taic do shia òigridh thairis Zoom le a bhith a' cur crìoch air an cuid **sgrìobhaidh** airson làrach-lìn Fuaran.

Chaidh 16 uairean de **thaic** air aghaidh thairis Zoom gus cothrom a thoirt don òigridh a bhith a' faighinn cuideachadh leis na h-òrain aca. Fhuair an òigridh stiùir bho Christine Primrose, Gillebrìde MacilleMhaoil agus Mairead NicLeòid.

Bùthan-obrach Blas
Dh'obraich mi mar phàirt den Sgioba Leasachaidh gus bùthan-obrach ciùil is seinn a chur air dòigh thairis Blas. Bha 16 cuspairean ri thaghadh agus ghabh 123 pàirt aois 16+ unnda.

Duais Diùc Dhùn Èideann
Chrìochnaich Fionnlagh MacGillFhinnein sia mìosan còmhla rinn sa Chèitean mar phàirt den Dhuais, 'Airgid'. Sgrìobh mi aithisg airson na Duais air mar a chaidh le Fionnlagh airson agus bha e uabhasach deagh chòmhradh fhaighinn leis. Tha Fionnlagh fhathast a' cumail taic do FnG 's e air sgioba stiùiridh Café Bheairteis agus tha e a' còrdadh rium a bhith a' faicinn sgillean an òigridh is an cuid mhisneachd a' tighinn air aghaidh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Rinn Eilidh NicChoinnich obair mhòr air goireas sgoile na dealbh-chluiche Eliza. Choimhead mi thairis air agus thug mi beachdan seachad.

Café Bheairteis
Chuir mi aoighean na seachdain air dòigh airson ar Café còmhraidh, Sultain – Dùbhlachd 2020 agus rinn mi sanasachd mun Chafe.

Ceann-latha	Aoigh na seachdain	Àireamh òigridh
30.10.20	Joy Dunlop (aimsir, ceòl)	8
06.11.20	Dr Rachel Allan (saidhg eòlaiche)	6
13.11.20	Eòghann MacEanruig (ceòl)	6
20.11.20	Ceit-Anna NicLeòid (neach lagha)	8
27.11.20	Iseabail Nic an t-Sagairt (MG Alba)	9
04.12.20	Robbie Greig (ceòl)	
11.12.20	Buidhean-stiùiridh/Café Nollaige	

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

'S e fìor thlachd a bh' ann a bhith a' cur air dòigh **Tac an Teine le seinneadairean Fuaran** airson Blas 2020. Sheinn 11 òigridh òrain a rannsaich iad agus dh'innis iad don èisteachd air Facebook mu

dheidhinn. ‘S e togail a bh’ ann a bhith a’ faicinn an òigridh a bhith misneachail mun òrain agus a bhith a’ faicinn teachdaireachdan an èisteachd ‘s iad ag aithneachadh nan òran agus na h-àitean a bh’ air ainmeachadh anns na h-òrain. Mo thaing do mo cho-obraichean Abi Lightbody agus Calum Mac a’ Mhaoilein airson an cuid taic le plannadh agus a bhith a’ cumail stiùir air sruthadh agus na meadhanan-sòisealta fhad ‘s a bha an tachartas a’ ruith.

Ainm	Luke Slater
Dreuchd	Rianaire

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Freagairtean leantainneach, logadh agus faidhleadh foirmean tagraidh Tasgadh
- Litrichean tairgse Tasgadh sgrìobhte agus an sgaoileadh
- Chaidh mi tron sheòmar stòr nan ionnstramaidean agus chaidh gach ionnstramaid a chlàradh san stòr-dàta ionnstramaidean ùra air-loidhne
- Chaidh leabhar-cunntais nan ionnstramaidean ùrachadh airson an dàrna leth de 2020
